

## Litearras agus Gàidhlig: A' Measadh adhartas agus coileanadh

Tha am frèam-obrach adhartais seo na iùl a tha ag amas air taic a thoirt do luchd-cleachdaidh an uair a bhios iad a' beachdachadh mu fhianais air eòlas agus tuigse, sgilean, buadhan agus comasan a bhios air a thoirt le luchd-ionnsachaidh mar a bhios iad a' gluasad tro agus a' coileanadh ire ann an **Èisteachd agus Labhairt, Leughadh agus Sgrìobhadh ann an Litearras agus Gàidhlig**.


Tha am Pàipear Ionnsachadh Proifeiseanta A' Measadh Adhartas agus Coileanadh ann an Litearras agus Gàidhlig a' toirt mion-chunntas air na taobhan cudromach de ionnsachadh air am bithear a' beachdachadh leis na iomraidhean mu adhartas a leanas. Bu chòir beachdachadh orra sin aig an aon àm an uair a thathar a' measadh adhartas agus coileanadh.

Feumaidh èisteachd a bhith air a mheasadh an dà chuid mar sgil air leth agus mar fhear a tha co-cheangailte ri labhairt. Gus coileanadh ire a chomharrachadh ann an **Èisteachd agus Labhairt**, bidh an neach-ionnsachaidh a' tabhann raon de fhianais làidir cho-cheangailte ris na h-eòlasan agus na builean a tha *ann an* ire, cho math ri bhith ag obair a dh'ionnsaigh a bhith ag ionnsachadh aig an *ath* ire.

Thar nan irean, is i a' **Ghàidhlig** an cànan a tha air a' cleachdadh san t-seòmar-teagaisg agus nas fharsainge na sin ann an co-theacsan a' churraicealaim air fad. **Tha prìomhachas aig coileanadh làidir ann an Litearras agus Gàidhlig ann an cleachdadh na Gàidhlig airson ionnsachadh, teagasg agus measadh anns na raointean curraicealaim agus anns na co-theacsan eile mar phàirt de Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.**

Ged a bhios teagasg agus ionnsachadh gu math tric a' tachairt thairis air barrachd air aon taobh cudromach de ionnsachadh ann an **Litearras agus Gàidhlig**, faodaidh neach-ionnsachaidh ire a choileanadh ann an **Èisteachd agus Labhairt** no **Sgrìobhadh** no **Leughadh**. Bidh adhartas agus coileanadh anns na trì taobhan cudromach sin de ionnsachadh air am fianaiseachadh mar a bhios luchd-cleachdaidh, clann agus daoine òga a' coileanadh thar nam prìomh sgilean a leanas (faic dealbh 1).

- a dhol an sàs le agus a bhith a' cruthachadh raon farsaing de theacsaichean, a' gabhail a-steach èisteachd agus leughadh airson ùidh chultarail
- ro-innleachdan leughaidh agus èisteachd a chleachdadh gus teacsaichean a thuigsinn, a sgrùdadh agus a luachadh
- fiosrachadh a lorg agus a chleachdadh
- sgilean litearraise sgrùdail a leasachadh, a' gabhail a-steach a bhith luachadh thùsan
- a bhith a' sgrìobhadh le pongalachd a tha a' sìor fhàs, a' dèanamh feum èifeachdach de litreachadh, gràmar agus puingeachadh
- a' cruthachadh theacsaichean a tha sìor fhàs doirbh a' cleachdadh cànan a tha nas soifioistaigeach
- a' leasachadh agus a' cleachdadh sgilean breithneachaidh de dh'àrd-òrdugh.



Bidh clann agus daoine òga a' sìor leasachadh sàr sgilean litearraise mar a bhios iad a' tighinn air adhart agus a' cleachdadh àrd sgilean smaoineachaidh taobh a-staigh agus thar nam prìomh chuspairean sin. Bidh cruthachadh theacsaichean a' gabhail a-steach a bhith a' dol an sàs gu h-èifeachdach le daoine eile ann an co-theacsaichean eadar-dhealaichte a' comharrachadh raon de sgilean conaltraidh ann am briathran agus neo-bhriathrach agus a bhith a' sìor fhàs nas ceart nan sgrìobhadh, a' dèanamh deagh fheum de litreachadh, gràmar agus pongachadh.

Tha [Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#) aig Foghlam Alba a' toirt tuilleadh stiùiridh air prionnsabalan bogaidh.

### Litearras agus Gàidhlig: A' Measadh adhartas agus coileanadh

Tha am frèam-obrach adhartais seo na iùl a tha ag amas air taic a thoirt do luchd-cleachdaidh an uair a bhios iad a' beachdachadh mu fhianais air eòlas agus tuigse, sgilean, buadhan agus comasan a tha air an toirt le luchd-ionnsachaidh mar a bhios iad a' leantainn air adhart agus a' coileanadh ìre ann an Èisteachd agus Labhairt de Litearras agus Gàidhlig. [Tha am Pàipear Ionnsachadh Proifeiseanta A' Measadh Adhartas agus Coileanadh ann an Litearras agus Gàidhlig](#), a' toirt mion-chunntas air na taobhan cudromach de ionnsachadh air am bu chòir beachdachadh leis na h-iomraidhean adhartais a leanas. Bu chòir beachdachadh orra sin an co-bhoinn ri bhith a' measadh adhartas agus coileanadh. Tha èisteachd ri bhith air a mheasadh mar sgil leis fhèin agus mar sgil a tha co-cheangailte ri còmhraidh. Gus coileanadh taobh a-staigh ìre a chomharrachadh ann an Èisteachd agus Labhairt de Litearras agus Gàidhlig, bidh an neach-ionnsachaidh a' tabhann raon de fhianais làidir co-cheangailte ri fiosrachaidhean agus builean taobh a-staigh ìre, cho math ri bhith ag obair a dh'ionnsaigh ionnsachadh aig an ath ìre. Thar nan ìrean, is i a' Ghàidhlig an cànan a tha air a' cleachdadh san t-seòmar-teagaisg agus air taobh a-muigh na sgoile ann an co-theacsan a' churraicealaim air fad. Tha [Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#) aig Foghlam Alba a' toirt tuilleadh stiùireadh air prionnsabalan bogaidh.

Tràth ìre (làn bhogadh)	Ciad ìre (làn bhogadh)	Dàrna ìre (bogadh)	Treas ìre (bogadh)	Ceathramh ìre (bogadh)
Bidh luchd-ionnsachaidh a' com-pàirteachadh agus a' cuimhneachadh air òrain, rannan agus pìosan bàrdachd air a bheil iad eòlach. Bidh iad a' gabhail pàirt, a' comharrachadh gu bheil iad a' tuigsinn agus a' cleachdadh abairtean air a bheil iad eòlach ann an gnìomhan cluiche, gabhail riochd, gnàth-chùrsan agus geamannan co-cheangailte ri ionnsachadh cànan, rannan sìmplidh, stiùireadh san t-seòmar-teagaisg, sgeulachdan air a bheil iad eòlach agus gabhail riochdan goirid. Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' co-roinn fèin-fhiosrachaidhean pearsanta agus a' bruidhinn mu	Bidh luchd-ionnsachaidh ag èisteachd ri, a' comharrachadh tuigse de agus a' taghadh teacsaichean air a bheil iad eòlach, a' toirt cunntas soilleir pearsanta agus a' fireanachadh an taghaidh ann an dòigh shìmplidh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' conaltradh ri feadhainn eile air cuspairean air a bheil iad eòlach, a' cleachdadh facail agus abairtean ùra ann an dòigh iomchaidh gus beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a lìbhrigeadh.	Bidh luchd-ionnsachaidh ag èisteachd ri, a' comharrachadh tuigse de agus a' taghadh theacsaichean air a bheil iad eòlach, a' toirt cunntas soilleir pearsanta agus a' fireanachadh an taghaidh ann an dòigh shìmplidh, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh coimeas ri teacsa eile, mar eisimpleir.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' conaltradh, a' gabhail a-steach conaltradh ann am buidhinn, raon de theacsaichean de stoidhlean agus susbaint eadar-dhealaichte, a bhios a' gabhail a-steach cuid de raointean speisealta gus cunntas seasmhach pearsanta a thoirt. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e comasach do luchd-ionnsachaidh sealltainn gu bheil iad a' tuigsinn an teacsa, a' fireanachadh an roghainnean, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh coimeas ri teacsa eile.	Tha luchd-ionnsachaidh neo-eisimeileach ann a bhith a' conaltradh, a' gabhail a-steach conaltradh ann am buidhinn, raon de theacsaichean de stoidhlean agus susbaint eadar-dhealaichte, a bhios a' gabhail a-steach cuid de raointean speisealta gus cunntas seasmhach pearsanta a thoirt. Ann a bhith a' dèanamh seo, tha e comasach do luchd-ionnsachaidh sealltainn gu bheil iad a' tuigsinn an teacsa, a' fireanachadh an roghainnean, a' gabhail a-steach a bhith a' dèanamh coimeas ri teacsa eile.

<p>shuidheachaidhean air a bheil iad eòlach. Bidh luchd-ionnsachaidh ag èisteachd ri raon de theacsaichean air a bheil iad eòlach, ag aithneachadh agus ag ath-aithris a' mhòr chuid de fhuaimnean gu ceart agus a' freagairt cheistean mu shusbaint, dhealbhan agus characteran. An uair a chleachdas neach-ionnsachaidh Beurla, bidh an tidsear ag ràdh na chaidh a ràdh sa Ghàidhlig.</p>				
--	--	--	--	--

Tràth ìre (làn bhogadh)	Ciad ìre (làn bhogadh)	Dàrna ìre (bogadh)	Treas ìre (bogadh)	Ceathramh ìre (bogadh)
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh ag èisteachd ri, a' nochdadh tuigse de, a' freagairt cheistean agus ag ath-aithris facail agus abairtean ùra bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachadh làn bhogaidh. Tha cuid den tuigse air a nochdadh tro ghnìomhan seach tro bhriathran. Tha lùghdachadh a' tighinn air cleachdadh na Beurla.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh ag èisteachd ri agus ag ath-aithris cànan a tha air a stèidheachadh air a bhith ceart agus a' leasachadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' conaltradh ri chèile mu chuspairean air a bheil iad eòlach, a' cleachdadh facail ùra agus abairtean ann an dòigh iomchaidh gus beachdan, smuaintean agus faireachdainnean a chur an cèill. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cur fiosrachadh an cèill aig astar iomchaidh, le modh-labhairt agus dòigh-labhairt soilleir. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cur agus a' freagairt raon de cheistean gus cur ri tuigse air taghadh de theacsaichean. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh iad a' gabhail tursan mu seach agus a' cur suim anns na bhios feadhainn eile ag ràdh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' conaltradh gu modhail ri daoine eile agus aig an aon àm a' comharrachadh misneachd, fileantachd agus soilleireachd ann an raon de chuspairean agus thairis air raointean a' churraicealaim. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh raon de bhriathrachas agus a' sìor nochdadh nach eil iad a' dèanamh mhearachdan gràmair, a' gabhail a-steach nithean mar gnìomhairean neo-riaghailteach. Bidh luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs ann am blasan cainnt eadar-dhealaichte. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cur agus a' freagairt raon de cheistean gus cur ris an tuigse aca agus a' cur rin eòlas le bhith a' cleachdadh sgilean breithneachaidh àrd-òrdugh gus tuilleadh leudachaidh a dhèanamh air barailean agus beachdan. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh iad a' gabhail tursan mu seach agus a' cur suim anns na bhios feadhainn eile ag ràdh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' conaltradh gu soilleir agus gu misneachail, a' cleachdadh seantansan iom-fhillte, gràmar neo-mhearachdach agus briathrachas speisealta agus aig ìre iomchaidh gus eòlas a cho-roinn agus gus barailean agus beachdan a thoirt seachad. Bidh luchd-ionnsachaidh a' nochdadh mothachadh de luchd-èisteachd, a' misneachadh a bhith a' dol an sàs tro cheasnachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' togail air agus a' toirt dùbhlán do bharailean agus bheachdan a' cleachdadh sgilean breithneachaidh àrd-òrdugh gus tuilleadh leudachaidh a dhèanamh air barailean agus beachdan. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh iad a' gabhail tursan mu seach agus a' cur suim anns na bhios feadhainn eile ag ràdh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' conaltradh gu soilleir agus gu misneachail, a' cleachdadh seantansan iom-fhillte, gràmar neo-mhearachdach agus briathrachas speisealta agus aig ìre iomchaidh gus eòlas a cho-roinn agus gus barailean agus beachdan a thoirt seachad. Bidh luchd-ionnsachaidh a' dol an sàs gu h-iomchaidh le raon de luchd-èisteachd le bhith a' brosnachadh dol an sàs tro cheasnachadh, a' gabhail a-steach a bhith a' togail air agus a' toirt dùbhlán do bharailean agus bheachdan a' cleachdadh sgilean breithneachaidh àrd-òrdugh gus tuilleadh leudachaidh a dhèanamh air barailean agus beachdan. Ann a bhith a' dèanamh seo, bidh iad a' gabhail tursan mu seach agus a' cur suim anns na bhios feadhainn eile ag ràdh.</p>

	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh, le cuideachadh bho cho-aoisean agus inbhich, a' planadh, a' rannsachadh agus a' cur ri chèile còmhraidhean air cuspairean co-cheangailte ris an fheadhainn a thathar a' sgrùdadh mar phàirt den churraicealam le misneachd a tha a' sìor fhàs, gu taghadh de luchd-èisteachd, a' cleachdadh nithean mar teicneòlas didseatach gus ùidh a ghlacadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh gu neo-eisimeileach a' planadh, a' rannsachadh agus a' cur ri chèile còmhraidhean air cuspairean co-cheangailte ris an fheadhainn a thathar a' sgrùdadh mar phàirt den churraicealam, le misneachd a tha a' sìor fhàs, gu taghadh de luchd-èisteachd, a' cleachdadh nithean mar teicneòlas didseatach gus ùidh a ghlacadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh gu neo-eisimeileach a' planadh, a' rannsachadh agus a' cur ri chèile còmhraidhean le misneachd a tha a' sìor fhàs, gu taghadh de luchd-èisteachd, a' cleachdadh nithean mar teicneòlas didseatach gus ùidh a ghlacadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh gu neo-eisimeileach a' planadh, a' rannsachadh agus a' cur ri chèile còmhraidhean le misneachd agus fiosrachadh mionaideach gu taghadh de luchd-èisteachd, a' cleachdadh nithean mar teicneòlas didseatach gus ùidh a ghlacadh.</p>
--	--	---	---	--

Tràth ìre (làn bhogadh)	Ciad ìre (làn bhogadh)	Dàrna ìre (bogadh)	Treas ìre (bogadh)	Ceathramh ìre (bogadh)
Bidh luchd-ionnsachaidh ag èisteachd agus a' cleachdadh fiosrachadh gus nithean ùra ionnsachadh ann an co-theacsa làn bhogadh.	Bidh luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh an t-eadar-dhealachadh eadar firinn agus beachd agus tha iad a' leasachadh sealladh fiosraichte.	Bidh luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh cànan a bheir buaidh air neach agus a' tòiseachadh a' ceasnachadh a bheil tùsan earbsach.	Bidh luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh modhan-obrach a bhios a' feuchainn ri buaidh a thoirt air neach, agus a' ceasnachadh earbsachd agus iomchaidheachd thùsan le tuilleadh is tuilleadh neo-eisimeileachd.	Bidh luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh modhan-obrach a bhios a' feuchainn ri buaidh a thoirt air neach, agus a' luachadh thùsan gu neo-eisimeileach.
Bidh luchd-ionnsachaidh a' co-roinn smuaintean mu thachartasan agus characteran air a bheil iad eòlach ann an dòighean eadar-dhealaichte.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' nochdadh tuigse air na prìomh fheartan, bheachdan agus prìomh bhriathrachas ann an taghadh de theacsaichean. Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' cumail gearr notaichean fo chinn a thèid a thoirt dhaibh gus tuigse a chomharrachadh air na nithean ris an do dh'èist iad/a chunnaic iad. Tha na notaichean sin air an cleachdadh gus beachd-smuaintean a chur ann an sreath loidsigeach gus cur ri conaltradh ann am buidhinn no gus teacsaichean goirid a chruthachadh.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh agus a' bruidhinn mu prìomh fheartan theacsaichean, a' cleachdadh cànan teicnigeach gus tuigse a nochdadh de raon de theacsaichean. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cumail notaichean agus a' cur notaichean ann an òrdugh gus tuigse a chomharrachadh air na nithean a chaidh a chluinntinn/a choimhead. Tha na notaichean sin air an cleachdadh gus beachd-smuaintean a chur ann an sreath loidsigeach gus teacsaichean a chruthachadh a tha iomchaidh do luchd-leughaidh agus adhbhar.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh, a' dèanamh anailis agus a' coimeas prìomh fheartan theacsaichean, a' cleachdadh cànan teicnigeach gus tuigse a nochdadh air raon de theacsaichean. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cumail notaichean agus a' cur notaichean ann an òrdugh gus teacsaichean a chruthachadh a bhios iomchaidh do luchd-leughaidh agus adhbhar.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh, a' dèanamh anailis agus a' coimeas prìomh fheartan theacsaichean iom-fhillte, a' cleachdadh cànan teicnigeach gus tuigse a nochdadh air raon de theacsaichean. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cumail notaichean agus a' cur notaichean ann an òrdugh gus teacsaichean a chruthachadh a bhios iomchaidh do luchd-leughaidh agus adhbhar.
Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh tuigse agus eòlas air raon de sgilean conaltraidh briathrach agus neo-bhriathrach. Mar eisimpleir, a' cleachdadh	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh tuigse agus eòlas air raon de sgilean conaltraidh briathrach agus neo-bhriathrach agus a' tòiseachadh gan cleachdadh	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh tuigse agus eòlas air raon de sgilean conaltraidh briathrach agus neo-bhriathrach agus gan cur an sàs gu h-iomchaidh gan	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh tuigse agus eòlas air raon de sgilean conaltraidh, briathrach agus neo-bhriathrach, agus gan cur an sàs an uair a bhios iad	Bidh luchd-ionnsachaidh a' comharrachadh tuigse agus eòlas air raon farsaing de sgilean conaltraidh, briathrach agus neo-bhriathrach,

<p>gluasad sùil, gluasad bodhaig, astar, gluasad làimh agus cudrom.</p>	<p>an uair a bhios iad ag eadar-obrachadh le no a' dèanamh taisbeanadh do dhaoine eile. Mar eisimpleir, a' cleachdadh gluasad sùil, gluasad bodhaig, astar, gluasad làimh agus taghadh air briathran.</p>	<p>atharrachadh a rèir feumalachdan raon de luchd-amais. Mar eisimpleir, a' cleachdadh gluasad sùil, gluasad bodhaig, astar, gluasad làimh, sìneadh cainnt, taghadh air briathran, fuaim agus cuid de mhodhan deas-cainnt eile.</p>	<p>ag eadar-obrachadh le no a' dèanamh taisbeanadh do dhaoine eile mar a bhios iomchaidh a rèir adhbhar agus luchd-amais. Mar eisimpleir, a' cleachdadh gluasad sùil, gluasad bodhaig, astar, gluasad làimh, sìneadh cainnt, taghadh air briathran, fuaim agus modh-cànain, modhan deas-cainnt.</p>	<p>agus gan cur an sàs gu neo-eisimeileach, agus ann an dòigh sheasmhach a rèir mar a bhios iomchaidh a thaobh adhbhar agus luchd-amais. Mar eisimpleir, a' cleachdadh gluasad sùil, gluasad bodhaig, astar, gluasad làimh, sìneadh cainnt, taghadh air briathran, fuaim agus modh-cànain, modhan deas-cainnt.</p>
---	---	---	---	--

Tha am frèam-obrach adhartais seo na iùl a tha ag amas air taic a thoirt do luchd-cleachdaidh an uair a bhios iad a' beachdachadh air an fhianais air eòlas agus tuigse, sgilean, buadhan agus comasan a tha air an toirt le luchd-ionnsachaidh mar a bhios iad a' leantainn air adhart agus a' coileanadh ìre ann an **Leughadh** de Litearras agus Gàidhlig. [Tha am Pàipear Ionnsachadh Proifeiseanta A' Measadh Adhartas agus Coileanadh ann an Litearras agus Gàidhlig](#) a' toirt mion-chunntas air na taobhan cudromach de ionnsachadh air am bu chòir beachdachadh leis na h-iomraidhean adhartais a leanas. Bu chòir beachdachadh orra sin an co-bhoinn ri bhith a' measadh adhartas agus coileanadh. Gus coileanadh taobh a-staigh ìre a chomharrachadh ann an **Leughadh** de Litearras agus Gàidhlig, bidh an neach-ionnsachaidh a' tabhann raon de fhianais làidir co-cheangailte ri fiosrachaidhean agus builean taobh a-staigh ìre, cho math ri bhith ag obair a dh'ionnsaigh ionnsachadh aig an ath ìre. Thar nan ìrean, is i a' Ghàidhlig an cànan a tha air a' cleachdadh san t-seòmar-teagaisg agus air taobh a-muigh na sgoile ann an co-theacsan a' churraicealaim air fad. Tha [Comhairle Foghlam Gàidhlig](#) aig Foghlam Alba a' toirt tuilleadh stiùireadh air prionnsabalan bogaidh.

<b>Tràth ìre (làn bhogadh)</b>	<b>Ciad ìre (làn bhogadh)</b>	<b>Dàrna ìre (bogadh)</b>	<b>Treas ìre (bogadh)</b>	<b>Ceathramh ìre (bogadh)</b>
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh, aon uair 's gu bheil iad cinnteach às an èisteachd agus an tuigse, a' tòiseachadh a' cuimseachadh air leughadh gus pàtrain agus fuaimean cànan aithneachadh agus a chleachdadh mar phàirt de phrògram airson fonaigs. Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' measgachadh facail air a bheil iad eòlach gus an tuigsinn. Bidh luchd-ionnsachaidh ag aithneachadh sgrìobhadh a bhios iad a' faicinn san àrainneachd, mar eisimpleir fiosrachadh mun sgoil, soidhnichean agus bileagan.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh nas aithne dhaibh mu fonaigs agus measgachadh gus a bhith a' leughadh agus gus fileantas a thoirt air adhart, a' comharrachadh agus a' cleachdadh comharran ceiste, clisg-phuingean, comharran cainnte agus cromagan, ag atharrachadh an guth gus a bhith a' leughadh le faireachdainn iomchaidh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh briathrachas a bhios iomchaidh a rèir aois, liosta fhacail, faclair, agus co-fhaclair gus facail a lorg agus a thuigsinn. Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh agus a' cleachdadh ro-innleachdan leughaidh gus tuigse a sgrùdadh agus sùil a chumail air.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh nas aithne dhaibh mu chànan gus leughadh gu fileanta agus le faireachdainn, teacsaichean a' sganadh airson an tuigsinn gus leughadh airson brìgh agus co-theacsa agus faclair a chleachdadh gus briathrachas air nach eil iad eòlach a shoilleireachadh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh agus a' cleachdadh ro-innleachdan leughaidh gus tuigse a sgrùdadh agus sùil a chumail air.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh nas aithne dhaibh mu chànan gus leughadh gu fileanta agus le faireachdainn, teacsaichean air nach eil iad eòlach, le modh-labhairt iomchaidh gus tuigse a nochdadh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cur an sàs ro-innleachdan leughaidh gu neo-eisimeileach gus tuigse a sgrùdadh agus sùil a chumail air.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh nas aithne dhaibh mu chànan gus leughadh gu fileanta agus le tuigse teacsaichean air nach eil iad eòlach agus a tha iom-fhillte, le modh-labhairt iomchaidh gus tuigse a nochdadh. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cur an sàs ro-innleachdan leughaidh gu neo-eisimeileach gus raon fharsaing de theacsaichean a leughadh agus/no fiosrachadh a lorg.</p>



<p>Bidh luchd-ionnsachaidh an uair a bhios iad cinnteach às an èisteachd agus an tuigse, a' taghadh agus a' leughadh teacsaichean sìmplidh agus ag innse mu na nithean as toil leotha agus nach toil leotha.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' bruidhinn mu thaghadh de theacsaichean agus a' toirt fios air ais pearsanta gus gabhail a-steach nan nithean as fheàrr leis an luchd-ionnsachaidh, le coimeas air a dhèanamh eadar teacsaichean agus ùghdaran.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' bruidhinn mu thaghadh de theacsaichean gus fios air ais pearsanta a thoirt anns am bi e comasach dhaibh coimeas agus mineachadh a dhèanamh air an adhbhar a tha iad a' roghnachadh cuid de theacsaichean agus ùghdaran agus èifeachdas an teacsa.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh agus a' bruidhinn mu raon de theacsaichean mionaideach, a' mineachadh agus a' fireanachadh an taghadh pearsanta.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh agus a' bruidhinn mu raon de theacsaichean nas iom-fhillte, a' mineachadh agus a' fireanachadh an taghadh pearsanta.</p>
--	--	---	--	--

Tràth ìre (làn bhogadh)	Ciad ìre (làn bhogadh)	Dàrna ìre (bogadh)	Treas ìre (bogadh)	Ceathramh ìre (bogadh)
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' faighneachd cheistean iomchaidh mu theacsaichean gus taic a thoirt dhan tuigse agus gus ceanglaichean a dhèanamh ri ionnsachadh a rinn iad a-cheana.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' faighneachd agus a' freagairt raon de cheistean mu na prìomh bheachdan agus adhbharan a tha air cùl theacsaichean.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' faighneachd agus a' freagairt làn raon de cheistean gus tuigse a shealltainn agus gus a bhith a' dèanamh luachadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' freagairt gu neo-eisimeileach agus gu mionaideach gus coimeas agus iomsgaradh a dhèanamh eadar teacsaichean eadar-dhealaichte. Bidh luchd-ionnsachaidh a' nochdadh misneachd ann a bhith a' faighneachd agus a' freagairt raon de cheistean a tha a' sealltainn tuigse agus luachadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh anailis gu neo-eisimeileach agus gu mionaideach gus coimeas agus iomsgaradh a dhèanamh eadar teacsaichean eadar-dhealaichte. Bidh luchd-ionnsachaidh a' nochdadh misneachd ann a bhith a' faighneachd agus a' freagairt raon farsaing de cheistean a tha a' sealltainn tuigse agus luachadh.</p>
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' faighinn fiosrachadh feumail bho theacsaichean simplidh gus obair a choileanadh agus nithean ùra ionnsachadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' lorg, a' taghadh, a' cur ann an òrdugh agus a' cleachdadh fiosrachadh bho ghrunnan theacsaichean airson adhbhar sònraichte.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' lorg, a' taghadh, a' cur ann an òrdugh agus a' cleachdadh fiosrachadh bho ghrunnan thùsan airson raon de dh'adhbharan.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' lorg, a' taghadh, a' cur ann an òrdugh agus a' toirt geàrr-iomradh airson caochladh adhbharan. Bidh luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn adhbhar, prìomh uallaichean no bun-bheachdan agus a' cleachdadh stuth taic gu mionaideach.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' lorg, a' taghadh, a' cur ann an òrdugh agus a' toirt geàrr-iomradh bho ghrunnan thùsan airson raon de dh' adhbharan. Bidh luchd-ionnsachaidh a' mìneachadh gu soilleir adhbhar, prìomh uallaichean, bun-bheachdan no argamaidean agus a' cleachdadh stuth taic gu mionaideach.</p>

	Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' cumail notaichean, bho am bi teacsaichean air an dèanamh agus a' cleachdadh notaichean gus teacsaichean simplidh a dhèanamh.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh agus a' cur notaichean ann an òrdugh, a' cleachdadh am briathran fhèin agus na cinn aca fhèin gus ceistean fhuasgladh, an smuaineachadh aca fhèin a thoirt air adhart agus teacsaichean ùra a chruthachadh.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh agus a' cur notaichean ann an òrdugh, a' cleachdadh am briathran fhèin agus gan cleachdadh gus tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh, smuaineachadh a leasachadh, fiosrachadh a chumail agus a chuimhneachadh agus an teacsaichean fhèin a chruthachadh.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh agus a' cur notaichean ann an òrdugh a' cleachdadh am briathran fhèin agus gan cleachdadh gus tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh, smuaineachadh a leasachadh, fiosrachadh a chumail agus a chuimhneachadh, cùisean a sgrùdadh, beachdan a cho-chur agus an teacsaichean fhèin a chruthachadh.
	Bidh luchd-ionnsachaidh a' toirt aithne do nithean fìrinneach agus do beachdan agus a' tòiseachadh a' leasachadh beachd fiosraichte orra.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' toirt aithne don diofar eadar nithean fìrinneach agus beachdan, agus a' toirt aithne do chànan a bheir buaidh air neach agus a' leasachadh beachd air earbsachd thùsan.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' sìor fhàs neo-eisimeileach ann a bhith ag aithneachadh modhan buadhach agus a' leasachadh beachd air earbsachd agus iomchaidheachd thùsan.	Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh luachadh air cleachdadh modhan buadhach, a' gabhail a-steach claon-bhàidh, agus a' luachadh earbsachd agus iomchaidheachd thùsan.

<b>Tràth ìre (làn bhogadh)</b>	<b>Ciad ìre (làn bhogadh)</b>	<b>Dàrna ìre (bogadh)</b>	<b>Treas ìre (bogadh)</b>	<b>Ceathramh ìre (bogadh)</b>
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' co-roinn smuaintean mu thachartasan agus characteran a tha ann an teacsaichean agus deilbh-chluich shìmplidh. An uair a bhios neach-ionnsachaidh a' cleachdadh na Beurla, bidh an tidsear ag ràdh nam briathran a-rithist sa Ghàidhlig.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' co-roinn smuaintean mu characteran, suidheachadh, cuspair agus am prìomh fhiosrachadh a tha ann an teacsaichean agus tha e comasach dhaibh fàisneachdan sìmplidh a dhèanamh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' bruidhinn mu characteran, suidheachadh, cuspair agus am prìomh fhiosrachadh a tha ann an teacsaichean, agus fàisneachdan co-cheangailte riutha, a' ceangal ris na fèin-fhiosrachaidhean aca fhèin agus aig càch.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' bruidhinn mu structair, obair characteran agus suidheachadh a' cleachdadh fianais. Bidh luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn mar a tha cuspair air a leasachadh agus ceanglaichean ris an fhèin-fhiosrachadh aca fhèin agus aig feadhainn eile.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' luachadh cleachdadh structair, obair characteran agus suidheachadh a' cleachdadh fianais. Bidh luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn mar a tha cuspair air a leasachadh agus ceanglaichean ris an fhèin-fhiosrachadh aca fhèin agus aig feadhainn eile/adhbhar an ùghdair/prìomh ghnothach an teacsa.</p>

Tha am frèam-obrach adhartais seo na iùl a tha ag amas air taic a thoirt do luchd-cleachdaidh an uair a bhios iad a' beachdachadh air an fhianais air eòlas agus tuigse, sgilean, buadhan agus comasan a tha air an toirt le luchd-ionnsachaidh mar a bhios iad a' leantainn air adhart agus a' coileanadh ìre ann an **Sgrìobhadh** de Litearras agus Gàidhlig. [Tha am Pàipear Ionnsachadh Proifeiseanta A' Measadh Adhartas agus Coileanadh ann an Litearras agus Gàidhlig](#) a' toirt mion-chunntas air na taobhan cudromach de ionnsachadh air am bu chòir beachdachadh leis na h-iomraidhean adhartais a leanas. Bu chòir beachdachadh orra sin an co-bhoinn ri bhith a' measadh adhartas agus coileanadh. Gus coileanadh taobh a-staigh ìre a chomharrachadh ann an **Sgrìobhadh** de Litearras agus Gàidhlig, bidh an neach-ionnsachaidh a' tabhann raon de fhianais làidir co-cheangailte ri fiosrachaidhean agus builean taobh a-staigh ìre, cho math ri bhith ag obair a dh'ionnsaigh ionnsachadh aig an ath ìre. Thar nan ìrean, is i a' Ghàidhlig an cànan a tha air a' cleachdadh san t-seòmar-teagaisg agus air taobh a-muigh na sgoile ann an co-theacsan a' churraicealaim air fad. Tha [Comhairle air Foghlam Gàidhlig](#) aig Foghlam Alba a' toirt tuilleadh stiùireadh air prionnsabalan bogaidh.

<b>Tràth ìre (làn bhogadh)</b>	<b>Ciad ìre (làn bhogadh)</b>	<b>Dàrna ìre (bogadh)</b>	<b>Treas ìre (bogadh)</b>	<b>Ceathramh ìre (bogadh)</b>
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh sgrìobhadh tro chluich, tro raon de chothroman atharrais agus fìor.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' sgrìobhadh sìos litrichean agus a' cleachdadh fuaimean agus litrichean gus facail a chruthachadh.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cur bheachdan, faireachdainnean agus fèin-fhiosrachaidhean an cèill tro chomharran, dealbhan, cluich mac-meanmnach agus teacsa shimplidh.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' cleachdadh fuaimean, litrichean agus facail gus seantansan simplidh a' leughadh agus a' sgrìobhadh.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' tuigsinn gu bheil sgrìobhadh a' cur an cèill brìgh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sgrìobhadh mu ghrunna chuspair a' comharrachadh mothachadh air adhbhar agus luchd-amais, a' cleachdadh eòlas air nòsan sgrìobhaidh agus cànan a tha iomchaidh a thaobh adhbhar agus luchd-amais.</p> <p>Bidh sgrìobhadh an luchd-ionnsachaidh ann an seantansan a' leantainn a chèile agus a' ceangal ri chèile gus ciall a dhèanamh.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh litrichean mòra, stad-phuingean, comharran-ceiste, cromagan le beagan oidhirp a thaobh a bhith a' cleachdadh comharran-clisge agus cromagan thurach ma bhios sin iomchaidh.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sìor dhèanamh feum iomchaidh de</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sgrìobhadh gu neo-eisimeileach airson raon de luchd-amais agus adhbharan. Bidh sgrìobhadh an luchd-ionnsachaidh a' ruith gu math agus na paragrafan air an ceangal ri chèile is a' cleachdadh pongachadh agus structair sheantans gu ceart.</p> <p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh feum iomchaidh de ghràmair agus structair, mar eisimpleir gnìomh-ainmearan a' dol còmhla ri riochdairean ann an seantans.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sgrìobhadh gu neo-eisimeileach ann an taghadh de nòsan agus riochdan, a' gabhail a-steach adhbhar agus luchd-amais. Bidh sgrìobhadh an luchd-ionnsachaidh a' ruith gu math agus na paragrafan air an ceangal ri chèile is a' cleachdadh pongachadh agus structair sheantans gu ceart, gu pongail a' cleachdadh eòlas air gràmair. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh coltas-duilleige agus dòigh foillseachaidh gus aire an leughadair a tharraing agus gus beachdachadh air modh-obrach an luchd-sgrìobhaidh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sgrìobhadh gu neo-eisimeileach ann an taghadh de nòsan agus riochdan, a' gabhail a-steach adhbhar agus luchd-amais. Bidh sgrìobhadh an luchd-ionnsachaidh a' ruith gu math agus na paragrafan air an ceangal ri chèile is a' cleachdadh pongachadh agus structair sheantans gu ceart, gu pongail a' cleachdadh eòlas air gràmair. Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh coltas-duilleige agus dòigh foillseachaidh gus aire an leughadair a tharraing agus gus beachdachadh air modh-obrach an</p>

	<p>thràthan. Bidh luchd-ionnsachaidh a’ cleachdadh grunnan fhacail ceangail – an uair, seach, ma, an dèidh, ro, fhad ’s, cuideachd, ged, gus. Bidh luchd-ionnsachaidh a’ cleachdadh diofar dhòighean air seantans a thòiseachadh, buadhairean, facail àrd- amasach, agus diofar an de sheantansan gus an sgrìobhadh a dhèanamh inntinneach agus ciall a libhrigeadh.</p>			<p>luchd-sgrìobhaidh.</p>
--	--	--	--	---------------------------

Tràth ìre (làn bhogadh)	Ciad ìre (làn bhogadh)	Dàrna ìre (bogadh)	Treas ìre (bogadh)	Ceathramh ìre (bogadh)
<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' tòiseachadh a' litreachadh cuid de fhacail chumanta, mar eisimpleir <i>ann, бага, aig, agus, mi</i>.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' taisbeanadh an obair ann an dòigh a tha furasta a' leughadh, gus an leughadair a tharraing a-steach, a' sgrùdadh agus ag atharrachadh na h-obrach a thaobh litreachadh agus pongachadh. Tha iad comasach air litreachadh a' mhòr chuid de dh'fhacail cumanta gu ceart agus bidh iad ag oidhirpeachadh facail air nach eil iad eòlach a litreachadh a' cleachdadh nan ro-innleachdan a tha iad air ionnsachadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sgrùdadh agus ag atharrachadh an sgrìobhadh, gu misneachail a' cleachdadh raon de ro-innleachdan litreachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an sgrìobhadh gu ìre mhòr ceart. Bidh iad a' leasachadh an ìre gu bheil an sgrìobhadh ceart an uair a bhios iad ag ath-sgrìobhadh agus a' gabhail a-steach fios air ais bho chomhaisean agus an tidsear.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' sgrùdadh agus ag atharrachadh an sgrìobhadh, gu misneachail a' cleachdadh raon de ro-innleachdan litreachaidh gus dèanamh cinnteach gu bheil an sgrìobhadh ceart. Bidh iad a' leasachadh an ìre gu bheil an sgrìobhadh ceart an uair a bhios iad ag ath-sgrìobhadh agus a' gabhail a-steach fios air ais bho chomhaisean agus an tidsear.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' dèanamh lèirmheas air an obair agus ga atharrachadh tron phròiseas sgrìobhadh air fad gus dèanamh cinnteach gu bheil a' bhrìgh agus an adhbhar soilleir.</p>
	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh notaichean agus taghadh de theacsaichean thar a' churraicealaim gus teacsaichean ùra a chruthachadh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh notaichean agus taghadh de theacsaichean thar a' churraicealaim agus a' cur beachdan ann an òrdugh, gus teacsaichean ùra a chruthachadh. Bidh iad ag ainmeachadh thùsan gu h-ìomchaidh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh teacsaichean, agus na notaichean aca fhèin, gus anailis, luachadh agus co-thàthadh a dhèanamh air beachdan agus fiosrachadh, agus gus teacsaichean ùra a chruthachadh agus meòrachadh air modhan-obrach an sgrìobhadair. Bidh iad ag ainmeachadh thùsan gu h-ìomchaidh.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh teacsaichean, agus na notaichean aca fhèin, gus anailis, luachadh agus co-thàthadh a dhèanamh air beachdan agus fiosrachadh, agus gus teacsaichean ùra a chruthachadh agus meòrachadh air modhan-obrach an sgrìobhadair. Bidh iad ag ainmeachadh thùsan gu h-ìomchaidh.</p>
		<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh coltas-duilleige agus dòigh foillseachaidh gus aire an leughadair a tharraing.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' cleachdadh coltas-duilleige agus dòigh foillseachaidh a tha ìomchaidh dhan adhbhar agus dhan luchd-amais.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' fireanachadh an taghadh de choltas-duilleige agus dòigh foillseachaidh a rèir a bhuaidh air adhbhar agus luchd-amais.</p>

	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh bheachdan agus fiosrachadh iomchaidh, ga chur ann an sreath loidsigeach agus a' cleachdadh facail a bhios inntinneach agus/no feumail do dhaoine eile.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh a' taghadh bheachdan agus fiosrachadh iomchaidh, ga chur ann an sreath iomchaidh agus loidsigeach a rèir adhbhar agus a' cleachdadh briathrachas a bhios iomchaidh dhan luchd-amais.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh gu neo-eisimeileach a' taghadh bheachdan agus fiosrachadh iomchaidh, ag ullachadh fiosrachadh no beachdan riatanach agus mion-fhiosrachadh taiceil sam bith ann an òrdugh loidsigeach. Bithear a' cleachdadh briathrachas a bhios iomchaidh gus a bhith a' conaltradh ann an dòigh èifeachdach.</p>	<p>Bidh luchd-ionnsachaidh gu neo-eisimeileach a' taghadh bheachdan agus fiosrachadh iomchaidh, ag ullachadh fiosrachadh no beachdan riatanach agus mion-fhiosrachadh taiceil sam bith ann an òrdugh loidsigeach. Bithear a' cleachdadh briathrachas a bhios iomchaidh gus a bhith a' conaltradh ann an dòigh èifeachdach.</p>
--	--	---	--	--